

**Geàrr-chunntas de choinneimh Bhòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh a cumail
Dihaoine 23 Samhain 2018 aig Taigh-òsta Royal Highland, Inbhir Nis, aig 9.00m**

BUILL AN LÀTHAIR: Aonghas S. MacLeòid (gu 11.30) Aonghas MacAonghais
Màiri Anndra Aonghas L. MacLeòid
Catriona Dunn Art MacCarraig
Sìne Ghilleasbuig Iain Moireasdan
Iain Greumach Gillian Rothach
Sandy Jones Mary Ellen Stiùbhart

LUCHD-OBRACH AN LÀTHAIR: Karen Cheanadach Marsaili NicLeòid
Cairistiona NicCoinnich (geàrr-chunntas) Nicola NicThòmais
Donnie Rothach

LEISGEULAN: Aonghas MacIllinnein Jo NicDhòmhnaill

PUING**GNÌOMH**

- 1 FÀILTE**
Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, gu h-àraid Mary Ellen Stiùbhart, a bha a' frithealadh a ciad choinneimh.
- 1.1 **Ùidhean**
Cha robh ùidhean ri nochdadh a thaobh cuspair sam bith air a' chlàr-ghnothaich.
- 1.2 **Ballrachd**
Dh'aontaich na buill ri Mary Ellen Stiùbhart a bhith na stiùiriche.
- 1.2.1 **Rùnaire a' Bhùird**
Fhuair eadh comhairle bhon Chomhairle Mhaoineachaidh gum b' urrainn do Nicola leantainn oirre mar Rùnaire san eadar-ama, gus an tèid rùnaire ùr fhasadh.
- 2 GEÀRR-CHUNNTASAN**
- 2.1 **CU 18-04-02**
Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.
- 2.2 **Puingean Gnìomha**
Chaidh obrachadh tro na puingean gnìomha:

CU	Puing	Cuspair	Gnìomh	Dèante
17-02	11.1	Sàr Ghàidheil Bòrd le ainmean nan Sàr Ghàidheal aig an Ionad Fàilte	CNC	Cùm
18-01	5.1	Buill Ùra Ainmean gu Fiona	Buill	Cùm

18-01	5.3	CIO Ainmean eòlaichean ionmhais gu Fiona	Buill	Cùm
18-02	6.5	Stèidheachd OGE Anton Edwards, OGE, a' sireadh ball bhon Bhòrd airson Stèidheachd OGE	Buill	Cùm
18-02	8.3.3	Cùrsa Tbh An ceangal gu fiolmaichean nan oileanach a chur gu buill	FMK	Cùm
18-02	10.4	Trèanadh Buill a' Bhùird Feumalachdan trèanaidh bhall	FMK	Cùm
18-02	10.7	Sgeama Pàighidh HE Bruidhinn ris a' Chomhairle Mhaoineachaidh	NNT	Cùm
18-02	10.8	Cànan Bruidhinn ri Roinn na Gàidhealtachd mu Chànan	AMI	Cùm
18-02	10.9	Fèin-luachadh Coimhead suirbhidh a chleachdadh an ath-bhliadhna	FMK	Cùm
18-04	3.6.1	Coinneamh le Àrd-sgoil Phort Rìgh Bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig a thaobh rannsachaidh air àireamhan fhìreannach a tha a' dèanamh Gàidhlig san sgoil	MNL	Cùm
18-04	3.6.2	Bòrd na Gàidhlig Cuireadh do Shona NicIlinnein tadhal air a' Cholaiste	GR	Dèante
18-04	5.3	Rùnaire a' Bhùird Comhairle fhaighinn bho Chomhairle Mhaoineachaidh na h-Alba a thaobh Rùnaire a' Bhùird a bhith nam ball den Bhuidheann Stiùiridh	NNT	Dèante
18-04	9.1	Aithisg Stiùiriche an Ionmhais Lorg dòighean teachd a-steach àrdachadh tro chùrsaichean goirid, cho-labhairtean agus àiteachan-fuirich	Buidh. Stiùiridh	Cùm
18-04	9.1	Aithisg Stiùiriche an Ionmhais Rannsachadh air cothroman a thaobh chùrsaichean sna meadhanan	IM/JND/ NNT	Cùm
18-04	9.2	Clàr-chunnartan Sùil air ro-innleachd thrusaidh	Com. Corporra	Cùm
18-04	9.2	Clàr-chunnartan Rannsachadh air leasachaidhean ann an Uibhist	GR	Cùm
18-04	9.5	Aithisg Fèin-luachaidh Trèanadh a chur air dòigh do bhuill	CNC	Cùm
18-04	9.5	Aithisg Fèin-luachaidh Rannsachadh air siostam <i>Board Papers</i>	NNT	Dèante

2.3 **Geàrr-chunntasan nan Comataidhean Eile**

2.3.1 **AUD 18-03-02 (02/11/18)**

Thugadh fa-near do gheàrr-chunntas na Comataidh Sgrùdaidh.

2.3.2 **CIO 18-04-02 (25/10/18)**

Thugadh fa-near do gheàrr-chunntas Chomataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd.

3 **PRÌOMH CHUSPAIR**

3.1 **Taisbeanadh le Ronnie MacRae, Highland Small Communities Housing Trust**

Thug Ronnie MacRae seachad taisbeanadh air Ìre 2 de leasachadh taigheadais na Cille Bige, a' mineachadh nan diofar mhodalan airson gach phìos den làraich, agus nan cosgaisean. Bha cothrom aig na buill ceistean a chur air Ronnie.

3.2 **Fiosrachadh**

3.2.1 **Pàipear na Cille Bige**

Thugadh fa-near do phàipear a chaidh air beulaibh CIO san Dàmhair a thaobh leasachadh taigheadais ann an com-pàirteachas leis a' chompanaidh togalaich, MacQueens. Tha CIO a' moladh a' phlana don Bhòrd.

3.2.2 **Pàipear SWOT**

Thugadh fa-near do phàipear le sgrùdadh SWOT air na diofar roghainnean a thaobh leasachadh taigheadais.

3.2.3 **Pàipear bhon Phrionnsapal**

Thugadh fa-near do phàipear bhon Phrionnsapal air a' buaidh a dh'fhaodadh a bhith aig leasachaidhean air àrainneachd Ghàidhlig na Colaiste.

3.2.4 **Plana na Cille Bige**

Thugadh fa-near do mhapa de làrach na Cille Bige.

3.3 **Deasbad a' Bhùird**

Chaidh deasbad a chumail air na planaichean airson Ìre 2 de leasachaidhean na Cille Bige. Chaidh aontachadh gun robh tuilleadh fios a dhìth, agus mar sin, gun co-dhùnadh a dhèanamh aig an àm seo, ach chaidh iarraidh air na leanas:

- Fiosrachadh cinnteach fhaighinn bho ERDF air buaidh sam bith a bhiodh ann air ionmhais nan robh an leasachadh a' dol a dh'atharrachadh.
- Rannsachadh air dòighean as urrainn am poileasaidh sònrachaidh a chaidh aontachadh le HSCHT a neartachadh a thaobh cànan.
- Dòighean as urrainn àrainneachd Ghàidhlig na Colaiste a dhìon nam biodh an leasachadh a' dol air adhart.

GR/DR/KC/
NNT

Dh'fhàg Aonghas S. MacLeòid a' choinneimh, agus ghabh Art a' chathair.

4 AITHRISEAN

4.1 Aithris nan Oileanach

Cha robh puingean ann bho na h-oileanaich.

4.2 Aithisg a' Phrionnsapail

Thugadh fa-near do dh'aithisg a' Phrionnsapail.

Chuir na buill meal-a-naidheachd air Gillian agus air Marsaili às dèidh a' chiad Cheumnachd aca sna dreuchdan ùra. B' e tachartas soirbheachail, tlachdmhor a bh' ann.

4.3 Aithris a' Chathraiche

Cha robh puingean ann bhon Chathraiche.

5 FOGHLAM

5.1 Aithisg an Fhoghlaim

Thugadh fa-near do dh'aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim.

5.2 Aithisg Luachaidh agus Plana Meudachaidh

Chaidh aontachadh ris an Aithisg Luachaidh agus Plana Meudachaidh airson 2017/18 agus thugadh taing do dh'Eairdsidh MacIlleathain airson a bhith ga dheasachadh.

6 LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN

6.1 Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh

Thugadh fa-near do dh'aithisg an Stiùiriche Leasachaidh.

7 IONMHAS IS CORPORA

7.1 Ro-aithris Ionmhasail

Chaidh aontachadh ris an FFR, a bhios a' dol gu Comhairle Maoineachaidh na h-Alba.

7.2 Aithisg na Comataidh Sgrùdaidh

Chaidh gabhail ri aithisg na Comataidh Sgrùdaidh, a' toirt fios don Bhòrd air obair na comataidh, agus a' moladh nan cunntasan bliadhnail.

7.3 Clàr-chunnartan

Thugadh fa-near don chlàr-chunnartan.

7.4 Cànan (CGS) – Plana Gnìomh

Thugadh fa-near don phlana-gnìomh airson Cànan.

Thugadh taing do dh'Iain Moireasdan agus do dh'Aonghas MacAonghais airson na taic a tha iad air a bhith a' cumail ri Cànan.

8

GISBE

Cha robh gnothaichean iomchaidh sam bith eile ri thogail.

9

CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH

Thèid an ath choinneimh a chumail air 8 Màrt 2019 aig Sabhal Mòr Ostaig.

Thèid coinneamh fòn a chumail ron Nollaig mu leasachadh na Cille Bige.

Sgaoil a' choinneimh aig 12.20f